



Dreuchd: Preantasachd aig Ìre Neach-ceuma:
Rianadair Gnothachais

Fo Stiùir: Ceann nan Seirbheisean Corporra

Stèidhichte: Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

Co-theacsa

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh fad is farsaing mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aig Ùghdarrasan Poblach agus le bhith a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach, agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 's e ionnsachadh aon de na trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha na cothroman is dùbhlain a th' ann a thaobh a bhith a' toirt fàs air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Bidh an neach-dreuchd seo ag obair ann an Sgioba nan Seirbheisean Corporra, agus bidh iad, le stiùireadh bho Cheann nan Seirbheisean Corporra, a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh agus a' co-òrdanachadh gach taobh de dh'obair rianachd na buidhne, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic rianachd is rùnaireachd do choinneamhan a' Bhùird agus nan Comataidhean.

CÒ RIS A DH'FHAODADH LATHA ÀBHAISTEACH A BHITH COLTACH SAN DREUCHD SEO?

Prìomh Dhleastanasan:

- A' cuideachadh le bhith a' cur ro-innleachd èifeachdach an sàs airson rianachd fiosrachaidh, a nì cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' cumail gu tur ris an reachdas airson Rianachd Chlàran Poblach, Saorsa an Fhiosrachaidh, an GDPR agus gach lagh eile co-cheangailte ri rianachd fiosrachaidh.
- A' cuideachadh le bhith a' stiùireadh agus a' co-òrdanachadh gach taobh de dh'obair rianachd na buidhne, leithid taic rianachd is rùnaireachd do choinneamhan a' Bhùird is nan Comataidhean, agus sibh a' cumail ri Gnàth-riaghailtean a' Bhùird agus Bun-riaghailtean nan Comataidhean.
- A' toirt taic do Mhanaidsear na h-Oifis ann a bhith a' cumail rian air Clàr Chom-pàirtean nam Ball, agus a' gabhail cùram de na prìomh lethbhric de na Gnàth-riaghailtean is Bun-riaghailtean, agus sibh a' dèanamh ath-sgrùdadh orra gach bliadhna.
- Ag obair le luchd-obrach air feadh na buidhne gus tachartasan is coinneamhan a phlanadh is a chur air dòigh agus sibh a' frithealadh air cuid dhiubh sin.
- A' dèiligeadh ri diofar iarrtasan airson fiosrachaidh, agus sibh a' sgaoileadh fiosrachadh mar as iomchaidh, a' cruinneachadh fhreagairtean don bhuidhinn agus a' toirt taic rianachd seachad san fharsaingeachd.
- A' cur siubhal is àiteachan-fuirich air dòigh do dhaoine, a' cur chàraichean air mhàl air dòigh, a' gleidheadh sheòmarichean airson choinneamhan is tachartasan do ur co-obrachichean.
- A' dèanamh cinnteach gun cumar gu tur ri riatanasan airson rianachd fiosrachaidh san t-siostam SharePoint againn, agus a' brosnachadh dhaoine air feadh Bhòrd na Gàidhlig gus sin a dhèanamh.
- A' freagairt a' fòn agus a bhith ann mar a' chiad neach ris am bruidhinn daoine nuair a dh'fhònas iad no a chuireas iad fios gu Bòrd na Gàidhlig agus gus fàilte a chur air luchd-tadhail.

DÈ IONNSAICHEAS MI?

Air feadh nan ceithir bliadhna bidh ùine aig an neach-iarrtais obrachadh air teisteanas aig Ìre SCQF 10 ann an Stiùireadh Gnothachais aig Oilthigh Cailleanach Ghlaschu.

Cuideachd, ionnsachaidh sibh tuilleadh a thaobh diofar chomasan is feartan pearsanta, leithid:

- Deagh sgilean conaltraidh, labhairteach is sgrìobhte
- Deagh sgilean eagrachaidh
- Deagh sgilean eadar-phearsanta is airson dèiligeadh ri ar luchd-cleachdaidh
- Comasach dhuibh obrachadh gun feum air stiùireadh taobh a-staigh crìochan na dreuchd
- Comasach dhuibh obrachadh gu h-èifeachdach le daoine aig diofar ìrean agus aig a bheil caochladh dhleastanasan
- Math air obrachadh ann an sgioba

DÈ NA TEISTEANASAN NO FEARTAN IS COMASAN A THA DHÌTH?

Feuch gun leugh sibh gach slat-tomhais riatanach agus smaoinich mu àm no eisimpleir far an do dhearbhadh sibh gu bheil leithid a dh'eòlas/sgilean agaibh - bu chòir seo a bhith air a shealltainn gu soilleir sa Chunntas-beatha agaibh.

Slatan-tomhais Riatanach:

- HND no ceum no teisteanas co-ionann riutha sin
- Ceithir Teisteanasan Àrd-ìre SQA aig ìre B no nas àirde (a' gabhail a-steach Beurla agus Matamataig aig ìre Nàiseanta 5)
- Deagh sgilean conaltraidh, agus sibh fileanta ann an Gàidhlig is Beurla, gam bruidhinn is gan sgrìobhadh.
- Comasan a thaobh bathar-bog cumanta, leithid Outlook, Word, Excel, Internet Explorer.
- Comasach dhuibh deagh dhàimh obrach a thogail agus a chumail suas le co-obrachaidhean air feadh na buidhne agus taobh a-muigh na buidhne.
- Eòlas air na tha dhìth airson rianachd phoblach.
- Deagh sgilean eagrachaidh, planaigh agus gus pròiseactan a stiùireadh.
- Comasach dhuibh buaidh a thoirt air beachdan luchd-stiùiridh is cheannardan.
- Deagh sgilean sgrùdaidh is rianachd.
- Dealasach mur n-obair agus deònach rudan ionnsachadh.

Fiosrachadh a Bharrachd

Foillseachadh Alba:

Mar phàirt de Bhun-ìrean Tèarainteachd Riaghaltas na h-Alba, cuiridh Bòrd na Gàidhlig dearbhadh le Foillseachadh Alba air dòigh do gach neach-iarrtais soirbheachail.

Ceann-latha airson iarrtasan:

Airson an iarrtais, thathar ag iarraidh gun cuir sibh an Cunntas-beatha agaibh thugainn le eisimpleirean a sheallas gu bheil an t-eòlas/na sgilean agaibh a choileanas na slatan-tomhais riatanach a chithear gu h-àrd. Bu chòir dhuibh an Cunntas-beatha agaibh agus foirm-sgrùdaidh co-ionannachd a chur ann am post-d gu corporra@gaidhlig.scot ro 13.00 Dihaoine 19 Iuchar 2019.

Ceann-latha agus àite airson nan agallamhan:

Diardaoin 25 Iuchar 2019, Inbhir Nis

Ìre pàighidh is Tuarastal Ìre A3 - £18,391* gach bliadhna

* thathar a' toirt sùil air an tuarastal an-dràsta

Cùmhnant: Preantasachd airson ceithir bliadhna

Buannachdan:

Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail.

Dh'fhaodadh gum faigh sibh taic le bhith a' dèanamh imrich a rèir na cheadaicheas poileasaidhean Bhòrd na Gàidhlig.

Bu chòir do luchd-iarrtais toirt an aire:

- Gum faodadh, mar phàirt den dreuchd seo, gum bi agaibh ri siubhal a dhèanamh bho àm gu àm, agus gum faodadh gum feum sibh an oidhche a chur seachad air falbh bhon taigh uaireannan.
-

Tha seo na thuairisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuairisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharraichean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.